



A' togail dlùth-cheangail ri do bhèibidh

Eanchainn iongantach do phàiste

Tha na billeanan de cheallan eanchainn aig leanaban aig àm am breith - ach chan eil mòran dhiubh ceangailte ri chèile. Bidh an eanchainn a' togail cheanglaichean gu luath, a' cruthachadh suas ri millean ceangal ùr gach dìog. Cuidichidh na gnìomhan làitheil gus na ceanglaichean sin a dhèanamh.

Tha do bhèibidh deiseil dlùth-cheangal a dhèanamh riut bho thùs. Cluinnidh iad agus nì iad eadar-dhealachadh eadar gach fuaim anns a h-uile cànan gus am bi iad timcheall air 6-8 mìosan a dh'aois, nuair a thòisicheas iad ag èisteachd ris a' chànan (no na cànanan) dùthchasach aca. Nuair a tha iad 18 mìosan a dh'aois, is urrainn dhaibh facal ùr ionnsachadh gach dà uair a thìde a tha iad nan dùisg!

A' togail dlùth-cheangal tro ghnìomhan làitheil

Bidh gach eadar-obrachadh a' cuideachadh do phàiste a bhith a' faireachdainn sàbhailte agus gràdhaichte, a tha a' cumail taic ris a' chomas aca iad fhèin a shocrachadh agus a bhith a' togail misneachd agus seasmhachd.

Mar as motha de dh'aire a bheir thu dhaibh, 's ann as motha a thuigeas thu mar a bhios iad a' gaire, a' dèanamh fhuaimnean agus a' rànaich, agus mar sin bidh e nas fhasa na feumalachdan aca a choileanadh agus earbsa a thogail.

Dòighean-simplidh gus ceangal a thogail

- Tog iad nuair a bhios feum aca air cofhurtachd - chan urrainnear cus chudailean a thoirt dhaibh!
- Bruidhinn is cluich a h-uile latha - is iad do ghuth is d'aghaidh na rudan as fheàrr leotha.

- Cuir am fòn agad air falbh agus cuir an telebhisean dheth - bidh fòcas nas fheàrr air do phàiste mur eil rud sam bith a' cur dragh orra. Thathar a' moladh nach bi pàistean is clann fo aois dà bhliadhna a' cleachdadh sgrìn sam bith mura h-eil iad air gairm bhidio le neach gaoil.
- Thoir aire ort fhèin cuideachd - tha do shunnd cudromach. Ma tha dragh ort, bruidhinn ris an neach-tadhail slàinte no ris an dotair-teaghlaich agad.

Gheibhear barrachd taic agus mholaidhean aig parentclub.scot/baby-development



Faigh barrachd comhairle mu bhith a' cleachdadh fònaichean timcheall air clann bheaga aig parentclub.scot/baby-screen-time

